

Gabhail Ar Pàirt

Geàrr-iomradh air adhartas 2017-18



Cur Spòrs air Thoiseach

spòrsalba
am prìomh bhuidheann
nàiseanta airson spòrs

Gabhail Ar Pàirt

Is iad **spòrs**alba am buidheann nàiseanta airson spòrs, ag inbheisteadh stòrasan Riaghaltas na h-Alba agus a' Chrannchuir Nàiseanta gus siostam spòrs aig ìre chruinneil a thogail do na h-uile ann an Alba.

Is e ar lèirsinn do dh'Alba gum bi spòrs na dhòigh beatha, far a bheil spòrs aig cridhe co-chomann na h-Alba agus le buaidh deimhinneach air daoine agus coimhearsnachdan.

Is e Gabhail Ar Pàirt 2017-18 an ath-sgrùdadh bliadhnail againn anns a bheil puingeagan cudromach an t-siostaim, sgrùdaidhean cùise agus anailis air dàta* a bhios a' tomhas an adhartais againn mu choinneamh nam builean agus nan comasaichean nar plana corporra.

Tha an sgrìobhainn geàrr-iomraidh seo a' solarachadh sealladh air na sgeulachdan daonna a tha a' toirt an t-siostaim beò agus info-grafaigeachd mhionaideach a tha a' taisbeanadh buaidh ar co-obrachaidh le com-pàirtichean tarsainn an t-siostaim spòrs.

#PlayingOurPart2018

* Tha an dàta air a tharraing ann am pàirt bho shuirbhuidh a' tomhas ar tabhartais do Fhrèam Bhuilean Alba Ghnìomhach, anns a bheil 3,000 ball cluba, 14,849 sgoilear agus beachdan 77 neach òg is inbheach, tro dheasbaidh buidhne cuimsichte.



Emma Waldie

Bha Emma a' farpais ann am ball-bholaidh tràghad do Sgioba Alba aig Geamannan Òigridh a' Cho-fhlaitheis 2017, far na ràinig iad an iar-chuairt dheireannach. Tha i cuideachd na Tosgaire Òg, coidse barantaichte, oide brosnachail PE, ball de Chlub Ball-bholaidh Dhùn Èideann a choisinn duaisean agus na saor-thoileach do Sgoiltean Gnìomhach.

Thar nan ceithir bliadhna mu dheireadh, tha Emma a tha 17 bliadhna a dh'aois à Port na Bànrighinn a Deas, air a bhith an sàs mar stiùiriche òg aig Games @ The Hub ann an Dùn Èideann, a bhios a' toirt cothrom do 1,700 sgoilear gu pàirt a ghabhail ann am measgachadh de spòrs.



Iomaraichean Obar Dheathain

Tha Comann Iomraidh Sgoiltean Obar Dheathain (ASRA) air maoineachadh Inbheisteach Direct Club bhon Chrannchur Nàiseanta a chleachdadh gus ìomhaigh iomraidh atharrachadh air feadh a' bhaile.

Dh'fhastaidh ASRA coidse, Seonaidh Muir, a sholaraich seiseanan beaga do 12 àrd-sgoiltean ann an Siorrachd Obar Dheathain, a' gabhail a-steach àireamh ann an sgìrean èiseil. Ri linn sin, thàinig meudachadh ann am ballrachd òigridh bho 133 gu 451 agus sruthadh a-steach de bhuill bho sgoiltean stàite leithid Jakub Zbikowski (san dealbh), a thuilleadh air toraidhean sàr-mhath aig ìre RA.



Clann Mhic Còmhghain

Tha na Parailimpich Scott agus Jamie MacCòmhghain (deas) air a bhith a' cluich ann am farpaisean boccia airson còrr air deich bliadhna. Tha iad le chèile a' fulang leis a' ghalar Duchenne muscular dystrophy agus tha am pàrantan is luchd-cùraim, Gary agus Linda, gnìomhach mar chuidichean rampa.

Chuireadh boccia an aithne do Scott agus Jamie le Spòrs Ciorraim Alba agus tha an adhartas air taic fhaotainn bho institiùd spòrs spòrsalba. Tha Ionad Trèanaidh Spòrs Inbhir Chluaidh air ùr dhèanamh suas, a' toirt comas dhaibh trèanadh ann an goireas a tha làn ruigsinneach agus 25 mìle bho an dachaigh ann an Inbhir Àir.



COM-PÀIRTEACHADH


Atharrachadh coimeasach bho 2015-16



a bharrachd de fhìor chom-pàirtichean Sgoiltean Gnìomhach (294,000)



a bharrachd de bhuill a' cluich ann an clubaichean le taic (282,000)



*Buidhnean Rìaghlaidh spòrs Alba

DAOINE

Atharrachadh coimeasach bho 2015-16



23,200 neach-libhrigidh Sgoiltean Gnìomhach

+13%



19,900 coidse ann an clubaichean le taic

+11%



42,700 coidse cleamhnaichte le SGBan

+6%



7,700 com-pàirticheadh ann an cothroman stiùirichean òga

+15%

Atharrachadh coimeasach bho 2016-17



9,800 an làthair aig cothroman coidse CPD

+4%

IOMHAIGH

7 tachartasan lionraidhidh roinneil le **728** an làthair bho air feadh an lionra spòrs

80% a thuirte gun do chuidich an tachartas iad gu an siostam spòrs a thuigsinn

71% a thuirte gun do bhrosnaich an tachartas iad gu barrachd co-obrachaidh nan dreuchd

CÒIG seiseanan coidsidh BBC Sportsound le còmh-dach mheadhanan a' ruigsinn **3** millean

22,000 luchd-cleachdaidh ùr de iris didseatach Sport First

ADHARTAS



645 lùth-chleasaiche le taic bho eòlaichean àrd-ealanta

25 Albannach air sgiobaidhean RA aig Oilimpigean / Parailimpigean a' Gheamhraidh ...



80% a chrìochnaich aig ìre àrd-8, a' buannachadh 3 buinn

90% de chom-pàirtichean Sgoiltean Gnìomhach a' faireachdainn gu bheil iad air fàs nas fheàrr air spòrs / gnìomhachd



79% de bhuill cluba a' faireachdainn gu bheil iad air fàs nas fheàrr air spòrs / gnìomhachd



ÀITEACHAN

20 duais ghoireasan ann an 2017/18

inbheisteadh **£2.8m**

Comasachadh inbheisteadh SFF*

de **£24m**



£14.7m

inbheisteadh iomlan tionalach gu ruige seo



- Air fhosgladh san Lùnastal 2017 leis a' Chiad Mhinistear
- 60 seòmar làn ruigsinneach; comas-lìonaidh de 120
- Cleachdadh air an t-siostam air fad bho chlann gu lùth-chleasaichean
- Com-pàirteachasan ionadail gan neartachadh

*Maoin Ghoireasan Spòrs

CO-IONANNACHDAN IS IN-GHABHAIL

AOIS

15% de bhuill cluba inbheach aois eadar **55-64**

9% de bhuill cluba inbheach aois eadar **65-74**

CIORRAM

6% de bhuill cluba inbheach le ciorram

GNÈ

49% de bhuill cluba inbheach boireann

CINNIDHEACHD

7% de fhreagraichean Sgoiltean Gnìomhach Measgaichte no Ioma; Àisianach, Àisianach Albannach no Àisianach Breatannach; Afraganach; Cairibianach no Dubh.

92% Geal Albannach; Geal Breatannach; Geal eile; Geal Èireannach

1% B' fheàrr gun a ràdh

SIMD*

18% de fhreagraichean Sgoiltean Gnìomhach bho

20% de na sgìrean a b' èiseile

AIDMHEIL CLEAMHNAIS

4% de bhuill cluba inbheach comharraichte dà-sheòrsach no geidh

*Indeacs Ioma-Airceis Alba

Stòr: suirbhìdh de ar tabhartas do Fhrèam Bhuilean Alba Ghnìomhach



FAIGH A-MACH TUILLEADH

Coimhead na filmichean, leugh na sgeulachdan agus rannsaich an dàta ann an Gabhail Ar Pàirt 2017-18 air-loidhne.

Tadhail air sportscotland.org.uk/playingourpart

#PlayingOurPart2018

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu

Prìomh Oifis

Doges, Templeton on the Green, 62 Sràid
Templeton,
Glaschu G40 1DA

Fòn 0141 534 6500
Facs 0141 534 6501



sportscotland.org.uk

© **sport**scotland 2018
ISBN: 978 1 85060 630 7



sport
scotland | **spòrs**
alba